



BÒRD NA GÀIDHLIG

STIÙIREADH REACHDAIL AIR DEASACHADH PHLANAICHEAN GÀIDHLIG

Aontaichte le Ministearan na h-Alba Giblean 2024

1. Facal-toisich

Tha an stiùireadh seo a' mìneachadh pròiseas reachdail nam planaichean Gàidhlig a chaidh a stèidheachadh le Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e cuideachd a' toirt taic do dh'ùghdarrasan poblach le bhith a' cruthachadh nam planaichean aca tro bhith a' mìneachadh nam prìomh raointean a bu chòir buidhean a chur anns gach eagran den phlana Ghàidhlig aca.

1.1 Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

1.1.1. Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ('an Achd') aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba air 21 Giblean 2005, fhuair i Aonta Rìoghail air 2 Ògmhios 2005, is chaidh a cur an gnìomh air 13 Gearan 2006. Tha ro-ràdh Achd na Gàidhlig a' mìneachadh a h-adhbharan, mar a leanas:

Achd Pàrlamaid na h-Alba gus buidheann a stèidheachadh le gnìomhan an co-cheangal ri bhith a' cur inbhe na Gàidhlig air stèidh thèarainte mar chànan oifigeil an Alba le spèis cho-ionann ris a' Bheurla, a' gabhail a-steach nan gnìomhan a bhith ag ullachadh plana nàiseanta Gàidhlig, ga dhèanamh riatanach do chuid de dh'ùghdarrasan poblach an Alba a bhith ag ullachadh agus a' foillseachadh phlanaichean Gàidhlig an co-cheangal ri bhith a' coileanadh an gnìomhan agus a bhith a' cumail suas agus a' buileachadh a leithid de phlanaichean, agus gus stiùireadh a thoirt mu fhoghlam Gàidhlig.

1.1.2. Tha trì prìomh eileamaidean ann an Achd 2005 agus tha iad ceangailte ri chèile: An toiseach, tha i a' stèidheachadh buidheann reachdail, Bòrd na Gàidhlig ('am Bòrd'), a bhios, am measg rudan eile, a' cur air adhart is a' dèanamh comasach cleachdadh na Gàidhlig is tuigse air a' Ghàidhlig, foghlam na Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig. Feumaidh am Bòrd seo a dhèanamh le sùil ri inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil an Alba aig a bheil spèis co-ionann ris a' Bheurla, tro bhith a' meudachadh àireamh nan daoine a tha comasach air a bhith a' cleachdadh agus a' tuigsinn na Gàidhlig, a' brosnachadh cleachdadh agus tuigse air a' Ghàidhlig, agus a' comasachadh cothrom air a' Ghàidhlig agus a cultar.

1.1.3. San dàrna àite, tha e a' toirt air a' Bhòrd Plana Nàiseanta na Gàidhlig a dheasachadh gach bliadhna a dh'fheumas a bhith a' gabhail a-steach ro-innleachd airson brosnachadh agus cur an comas cleachdadh agus tuigse na Gàidhlig, foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig

1.1.4. San treas àite, tha e a' toirt cumhachd dhan Bhòrd fios plana reachdail a thoirt do dh'ùghdarras poblach sam bith ann an Alba no ùghdarras poblach tar-chrìochail sam bith (an co-cheangail ri gnìomhan a ghabhas a chur an gnìomh ann an Alba) no Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba, a' toirt air an ùghdarras sin Plana Gàidhlig a dheasachadh.

1.1.5. Tha dleastanas aig a' Bhòrd cuideachd a bhith ag aontachadh phlanaichean Gàidhlig air ullachadh le buidhnean poblach (air a mhìneachadh barrachd gu h-ìosal, ann an earrann 2, 'Pròiseas nam Planaichean Gàidhlig').¹ Nuair a tha iad ag ullachadh plana Gàidhlig, feumaidh ùghdarrasan poblach aire a thoirt air grunn rudan (air am mìneachadh nas mionaidiche gu h-ìosal, ann an earrann 3, 'Ag Ullachadh Phlanaichean Gàidhlig'), agus 's e fear dhiubh sin stiùireadh sam bith a bheir am Bòrd seachad.² Is e an sgrìobhainn seo an stiùireadh.³

1.2 Planaichean Gàidhlig: Adhbhar agus Obrachadh

1.2.1. Thathar a-nis ag aithneachadh gu farsaing gun tug cumail mhion-chànanan leithid na Gàidhlig às an raon phoblach droch bhuaidh air am beothalachd, agus gun urrainn meudachadh ann an cleachdadh mhion-chànanan ann an gnothaichean poblach a bhith cudromach ann a bhith gan ath-bheothachadh. Mar a tha air a chomharrachadh san aithisg mìneachaidh aig Cairt Eòrpach nan Cànanan Roinneil no Mion-chànanan, cairt aig Comhairle na h-Eòrpa fo bheil a' Ghàidhlig air a dìon, 's ann a-mhàin tro thaic ghnìomhach bho stàitean, a' gabhail a-steach tron t-siostam foghlaim agus ann a bhith a' ceadachadh a bhith gan cleachdadh ann an suidheachaidhean rianachd is eile, as urrainn cànanan leithid Gàidhlig dìoladh fhaighinn airson suidheachaidhean mì-fhàbharach san àm a dh'fhalbh, agus a ghabhas an glèidheadh is an leasachadh.⁴

1.2.2. Mus deach Achd na Gàidhlig aontachadh, bha na gnothaichean poblach cha mhòr uile ann an Alba, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt seachad sheirbheisean rianachd is eile dhan phoball, air an dèanamh tro mheadhan na Beurla a-mhàin. Le bhith a' toirt cumhachd dhan Bhòrd gus toirt air ùghdarrasan poblach planaichean Gàidhlig ullachadh, thathar an dùil aghaidh a chur air seo. Mar sin, tha Achd 2005 ag ràdh gum feum plana Gàidhlig na ceumannan a ghabhas ùghdarras poblach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig an co-cheangal ri coileanadh a dhleastanasan a mhìneachadh.⁵

1.2.3. Far a bheil ùghdarras poblach a' toirt seachad sheirbheisean dhan phoball, is urrainn planaichean Gàidhlig cothrom a thoirt do bhuill a' phobaill, a tha ag iarraidh Gàidhlig a chleachdadh ann a bhith a' dèiligeadh ris an ùghdarras phoblach, gus sin a dhèanamh. Is urrainn planaichean Gàidhlig cothrom a thoirt cuideachd do luchd-obrach aig ùghdarrasan poblach Gàidhlig a chleachdadh ann a bhith a' dèanamh an cuid obrach. San dòigh seo, tha planaichean Gàidhlig a' cur gu dìreach ri prìomh amas a' Bhùird a bhith a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig agus a bhith ga chur an comas. Tha comas aig planaichean cuideachd a bhith a' cur ris an fheum a tha daoine a' faicinn sa Ghàidhlig agus ri a h-inbhe, a tha cuideachd a' brosnachadh barrachd cleachdadh den Ghàidhlig, agus tha e cuideachd a' cur ri ionnsachadh na Gàidhlig, amas farsaing eile ann an Achd 2005. Tro ghealltanasan leithid cleachdadh na Gàidhlig ann an soidhnichean poblach agus air duilleagan-lìn, mar eisimpleir, broснаichidh planaichean Gàidhlig barrachd faicsinneachd dhan chànan. Brosnaichidh libhrigeadh phlanaichean Gàidhlig a bhith a' sònrachadh dreuchdan sònraichte mar dhreuchdan far a bheil comas sa Ghàidhlig na riatanas no ion-mhiannaichte, agus uaireannan bidh seo deatamach. Cuiridh seo ris an fheum phractaigeach a tha daoine a' faicinn sa Ghàidhlig.

¹ Earrann 5.

² Earrann 3(5)(e).

³ Air ullachadh fo earrann 8

⁴ Aithisg mìneachaidh, Cairt Eòrpach nan Cànanan Roinneil no Mion-chànanan ('a' Chairt Eòrpach'), para 10, ri faighinn an seo:

<https://rm.coe.int/CoERMPublicCommonSearchServices/DisplayDCTMContent?documentId=09000016800cb5e5>. Tha a' Chairt fhèin ri faighinn an seo: <https://rm.coe.int/1680695175>.

⁵ Earrann 3(4)(a).

Aig a' cheann thall tha plana Gàidhlig a' toirt cothrom do dh'ùghdarras poblach mìneachadh ann an dòigh le structar mar a bheir e taic dhan Ghàidhlig tro na dleastanasan agus na prìomh ghniomhan obrachaidh aige.

Is iad am prìomh luchd-amais aig plana Gàidhlig am poball agus luchd-obrach an ùghdarras phoblaich. Mar sin bu chòir Plana Gàidhlig a bhith:

- Furasta a chleachdadh: soilleir, furasta a thuigsinn agus a chleachdadh
- Fòcas a bhith ann air seata soilleir de ghealltanasan.
- Follaiseach – bu chòir do na targaidean uile a bhith SMART - sònraichte, a ghabhas tomhas, a ghabhas coileanadh, a bhios reusanta agus le clàr-ama.
- Air ullachadh le gach roinn den ùghdarras phoblach a' cur ris a' phlana

1.3 Planaichean Gàidhlig: Prìomh phrionnsapalan

1.3.1. Tha Achd 2005 a' cur an cèill grunn prìomh phrionnsapalan a tha a' fiosrachadh deasachadh phlanaichean Gàidhlig.

Cànan Oifigeil ann an Alba

1.3.2. Tha Achd na Gàidhlig ag amas air inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil an Alba⁶, agus fon Achd, feumaidh am Bòrd a ghniomhan a choileanadh le sùil ri bhith a' dèanamh sin. Am measg nan gnìomhan sin, tha cumhachd a bhith a' toirt air buidhnean poblach planaichean Gàidhlig ullachadh agus a bhith gan aontachadh. Tha e na chomharra de dh'inbhe oifigeil gu bheil comas aig buill den phoball an cànan a chleachdadh airson gnothaichean oifigeil, leithid a bhith a' faighinn cothrom air seirbheisean poblach agus, far a bheil iad ag obair san roinn phoblaich, a bhith ga chleachdadh san àite-obrach. Tha planaichean Gàidhlig cuideachd nam meadhan gus inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil an Alba thar ùine.

Spèis cho-ionann

1.3.3. Fo Achd 2005 cuideachd, feumaidh am Bòrd a dhleastanasan a thoirt gu buil le sùil ri inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil na h-Alba *aig a bheil spèis co-ionann ris a' Bheurla*. Ann a bhith a' beachdachadh am bu chòir plana Gàidhlig aontachadh, feumaidh am Bòrd beachdachadh a bheil gealltanasan anns a' phlana a chumas taic ris an amas spèis cho-ionann a bhith aig a' Ghàidhlig.

1.3.4. Ann an cuid de chùisean chan eil spèis cho-ionann a' ciallachadh gum feum a h-uile ùghdarras poblach ann an Alba a bhith a' dèiligeadh ris a' Ghàidhlig agus a' Bheurla buileach san aon dòigh. Mar a tha air a chomharrachadh gu h-ìosal, bithear cuideachd a' sùileachadh gum bi susbaint ghealltanasan ùghdarras poblach a thaobh na Gàidhlig reusanta agus co-rèireach, ag aithneachadh gu bheil feum air sùbailteachd mar thoradh air na h-eadar-dhealachaidhean ann an ìre cleachdadh na Gàidhlig air feadh na dùthcha agus cothroman gus an cleachdadh sin a leudachadh thar ùine.

1.3.5. Fo phrionnsapal na co-ionannachd spèis feumaidh ùghdarrasan poblach a bhith a' dèanamh an dìcheall sna gealltanasan aca a bhith cho taiceil 's a ghabhas a thaobh a bhith a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig, gus dòighean for-ghnìomhach a chomharrachadh anns an urrainn dhaibh taic agus brosnachadh a thoirt do leudachadh cleachdadh na Gàidhlig, agus gus dèanamh cinnteach gun tèid gealltanasan a' phlana Ghàidhlig a chur an gnìomh gu h-ìomlan agus gu h-èifeachdach.

⁶ Earrann 1(3)

1.3.6. Is urrainnear co-ionannachd spèis a nochdadh sna dòighean a leanas:

- Far a bheil ùghdarras poblach air aontachadh seirbheis a thoirt seachad tro mheadhan na Gàidhlig, bu chòir dhan t-seirbheis sin a bhith air a thoirt seachad air an aon stèidh ris an aon seirbheis tro mheadhan na Beurla. Tha seo a’ ciallachadh gum bu chòir dhi a bhith den aon chàileachd is air a thoirt seachad leis an aon chlàr-ama ris an aon seirbheis sa Bheurla. Bidh am Bòrd an dùil gun cuir a h-uile plana Gàidhlig am prionnsapal seo an sàs; ach, tha e cudromach tuigsinn gur e pròiseas ath-aithriseach a th’ ann am pròiseas nam planaichean Gàidhlig agus thathar an dùil gun ruigear spèis co-ionannachd thar ùine.
- Bu chòir dhan ùghdarras phoblach gabhail ri prionnsapal na **‘tairgse gnìomhaich’** agus a chur an gnìomh. Tha seo a’ ciallachadh, far a bheil seirbheisean tro mheadhan na Gàidhlig rim faighinn, no far a bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach air dhòigh eile, gum bu chòir fios a chumail gu for-ghnìomhach ris a’ phoball is ri luchd-obrach air seo agus gu bheil iad air am brosnachadh gus na cothroman airson cleachdadh Gàidhlig a th’ air an cruthachadh leis a’ phlana a chur gu feum. Tha am Bòrd an dùil gum bi a h-uile plana Gàidhlig a’ cur an cèill prionnsapal na tairgse gnìomhaich.
- San fharsaingeachd, thathar an dùil gum foillsich is gum broснаich an t-ùghdarras poblach am plana Gàidhlig gu for-ghnìomhach, cho math ris na dòighean sa bheil am plana a’ cruthachadh cothroman gus Gàidhlig a chleachdadh ann a bhith a’ faighinn cothrom air seirbheisean agus, do luchd-obrach an ùghdarras, nan cuid obrach agus a thaobh trèanadh Gàidhlig sam bith a tha am plana a’ gealltainn a thoirt seachad. Tha am Bòrd ag ràdh gum feum cunntas a bhith anns a h-uile plana Gàidhlig air na dòighean anns am bi an t-ùghdarras poblach a’ foillseachadh agus a’ brosnachadh mothachadh mun phlana Ghàidhlig aca agus mu na cothroman a chruthaicheas e a thaobh cleachdadh na Gàidhlig.

Tha am Bòrd ag iarraidh gun cuir ùghdarrasan poblach ri àbhaisteachadh na Gàidhlig taobh a-staigh nan gnìomhan corporra aca nuair a tha iad ag ullachadh gach eagra den phlana Gàidhlig aca. Thèid seo a choileanadh le bhith a’ leudachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh gnìomhan corporra uile an ùghdarras phoblaich, cho math ri bhith a’ cur an gnìomh amasan a tha co-cheangailte ris na prìomhachasan a tha air am mìneachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig tro na gealltanasan ro-innleachdail aca, air an deach iomradh a thoirt ann an earrann 11.2.

Reusanta agus Co-rèireach

1.3.7. Feumaidh am Bòrd, ann a bhith a’ co-dhùnadh am bu chòir dhaibh fios a thoirt do dh’ùghdarras poblach gus plana Gàidhlig ullachadh,⁷ agus feumaidh an t-ùghdarras poblach ann a bhith ag ullachadh a’ phlana Ghàidhlig aige,⁸ beachdachadh air an ìre is gu bheil a’ Ghàidhlig air a cleachdadh leis na daoine ris a bheil gnìomhan an ùghdarras co-cheangailte. Mar eisimpleir, far a bheil an t-ùghdarras poblach na ùghdarras foghlaim, tha solar foghlam sgoil-àraich, bun-sgoil is àrd-sgoil am measg nan gnìomhan aca, agus ’s iad na daoine ris a bheil gnìomhan an ùghdarras co-cheangailte pàrantan, sgoilearan, tidsearan, agus luchd-obrach eile a tha air am fastadh le sgoiltean agus leis an ùghdarras foghlaim. Feumaidh am Bòrd beachdachadh cuideachd air a’ chomas a bhiodh ann gus cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh an co-cheangail ri coileanadh gnìomhan an ùghdarras phoblaich.⁹ Mar sin, tha Achd na Gàidhlig ag aithneachadh gum bi planaichean Gàidhlig eadar-dhealaichte a rèir dleastanasan nan diofar ùghdarrasan phoblaich, agus a rèir àireamh luchd-

⁷ Earrann 3(3)(b)(i)

⁸ Earrann 3(5)(b)

⁹ Earrannan 3(3)(b)(ii) agus 3(5)(c)

cleachdaidh na Gàidhlig air a bheil diofar ùghdarrasan poblach a' frithealadh, agus a rèir a' chomais a th' ann airson a bhith a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig.

1.3.8. Anns an fharsaingeachd, thathar an dùil mar as motha a tha làthaireachd na Gàidhlig am measg sluagh a tha air a fhrithealadh le ùghdarras poblach, 's ann nas motha a bhios gealltanasan an ùghdarras phoblaich sin a thaobh mar a chleachdas e a' Ghàidhlig.¹⁰ Cuideachd, mar thoradh air nàdar an cuid obrach, bidh cuid de dh'ùghdarrasan poblach ag eadar-obrachadh leis a' phoball barrachd na cuid eile.

Far am bi ùghdarrasan poblach ag eadar-obrachadh leis a' phoball gu ìre mhòr, bidh gealltanasan a thaobh lìbhrigeadh sheirbheisean dhan phoball gu sònraichte cudromach.

1.3.9. Mar thoradh air seo, tha na prionnsapalan a leanas an sàs a thaobh planaichean Gàidhlig:

1. Is e an t-amas aig a' phròiseas ath-aithriseach de dh'ullachadh agus buileachadh Phlanaichean Gàidhlig gum bi gach ùghdarras poblach, thar ùine, a' meudachadh nan seirbheisean a tha rim faighinn sa Ghàidhlig. Bidh an ìre de sheirbheisean sa Ghàidhlig a bhios rim faighinn taobh a-staigh ùghdarrasan poblach diofraichte a rèir ìre cleachdadh a' chànain ann an diofar choimhearsnachdan.
2. Airson ùghdarrasan poblach a tha a' frithealadh sgìrean far a bheil àireamh shusbainteach de dhaoine aig a bheil sgìlean Gàidhlig, bu chòir gum biodh an ìre de sheirbheisean a tha rim faighinn sa Ghàidhlig dhan phoball co-ionann ris an fheadhainn a tha rim faighinn sa Bheurla. Bhiodh sgìrean anns a bheil àireamh shusbainteach de dhaoine aig a bheil sgìlean Gàidhlig a' gabhail a-steach an fheadhainn far a bheil sgìlean Gàidhlig aig co-dhiù 20% de shluagh na sgìre.
3. Airson ùghdarrasan poblach a tha stèidhichte ann an sgìrean far a bheil ìre nas ìsle de chleachdadh na Gàidhlig, ach far an deach adhartas a dhèanamh leis na leanas: Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, cleachdadh sa choimhearsnachd agus com-pàirteachadh coimhearsnachd, feumar ìre nas àirde de sheirbheisean a thabhann tro mheadhan na Gàidhlig.
4. Airson ùghdarrasan poblach aig a bheil ìrean ìosal de chleachdadh na Gàidhlig, bu chòir am prionnsapal a thaobh comas gus cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig a leudachadh a chur an sàs ann a bhith ag ullachadh phlanaichean Gàidhlig. Bu chòir do na h-ùghdarrasan poblach seo, thar ùine, ceumannan a gabhail gus cur ris na seirbheisean a tha rim faighinn sa Ghàidhlig agus tha seo gu sònraichte fìor a thaobh com-pàirteachadh coimhearsnachd, foghlam, tachartasan agus dearbh-aithne chorporra.
5. Bu chòir ùghdarrasan poblach le raon-ùghdarras nàiseanta dèanamh cinnteach gu bheil roghainn reusanta de sheirbheisean a tha buntainneach do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig rim faighinn tro mheadhan na Gàidhlig. Tha seirbheisean loidhne toisich dhan phobaill, cho

¹⁰ Tha am prionnsapal seo air fhilleadh a-steach chan ann a-mhàin ann an Achd na Gàidhlig, ach cuideachd ann an gealltanasan laghail eadar-nàiseanta, a tha ceangaltach is buntainneach. Ann an Cairt na h-Eòrpa, thèid ìre nan seirbheisean poblach a th' air an tabhann ann am mion-chànain a dhearbhadh "a rèir suidheachadh gach cànan". A thaobh seo, tha an aithisg mineachaidh aig a' Chairt Eòrpa ag ràdh (para. 46): "Anns an fharsaingeachd, agus às aonais fhactaran buntainneach eile, bhiodh seo a' ciallachadh, mar eisimpleir, mar as motha an àireamh de luchd-labhairt aig cànan roinneil no mion-chànan agus mar as aona-ghnèitheiche a tha an sluagh roinneil, is ann "as treasa" an roghainn a bu chòir gabhail ris..."

math ri soidhnichean is taisbeanaidhean airson a' phobaill san fharsaingeachd, gu sònraichte cudromach.

6. Thathar an dùil gum bi gach ùghdarras poblach taiceil agus for-ghnìomhach ann a bhith a' comharrachadh dhòighean a bheir comas do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a bhith a' conaltradh riutha tro mheadhan na Gàidhlig chun na h-ìre as motha a ghabhas dèanamh. Thar ùine, bu chòir gum biodh suaicheantas corporra dà-chànanach aig a h-uile ùghdarras poblach, agus iad ag amas air dèanamh cinnteach gum bi soidhnichean air taobh a-muigh nam prìomh togalaichean aig an ùghdarrasan poblach, leithid prìomh oifisean dà-chànanach. Bu chòir seo a dhèanamh nuair a thathar gan ath-nuadhachaidh.

1.3.10. Tha am Bòrd a' brosnachadh ùghdarrasan poblach a bhith a' co-obrachadh ann an deasachadh phlanaichean Gàidhlig. A barrachd air a bhith a' co-roinn deagh chleachdadh, is urrainn com-pàirteachadh den t-seòrsa seo raointean a chomharrachadh a ghabhadh a cho-roinn, mar eisimpleir trèanadh Gàidhlig, eadar-theangachadh, eadar-mhìneachadh, agus mar sin air adhart, a' ciallachadh gum bi cothroman air cosg-èifeachdas an lùib cuir an gnìomh nam planaichean Gàidhlig. Cuiridh co-obrachadh cuideachd ris a' chomas aig gach ùghdarras poblach a bhith a' cur air adhart Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Cuidichidh am Bòrd le bhith a' cur co-obrachadh an comas eadar ùghdarrasan poblach. Thèid seo a dhèanamh tro lìonraidhean a bhios a' gabhail a-steach ùghdarrasan poblach aig a bheil an aon seòrsa raon-ùghdarras no an aon ìre de sholarachadh làithreach.

2. Pròiseas nam Planaichean Gàidhlig

Tha an earrann seo a' mìneachadh a' phròiseis airson a bhith a' cruthachadh, a' buileachadh agus ag ath-nuadhachadh phlanaichean Gàidhlig. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' cur a-mach fiosan reachdail, ag ullachadh plana, co-chomhairle, aonta foirmeil, buileachadh, dearcnachadh, agus ath-nuadhachadh.

2.1 Fiosan plana reachdail bhon Bhòrd

2.1.1. Fo Achd na Gàidhlig, faodaidh am Bòrd fios reachdail sgrìobhte a chur gu ùghdarras poblach Albannach sam bith, gu ùghdarras poblach tar-chrìochail sam bith (an co-cheangail ri gnìomhan a ghabhas a chur an gnìomh ann an Alba nach eil a' buntainn ri cùisean glèidhte), no Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba, a' toirt air plana Gàidhlig ullachadh.¹¹ Feumaidh am fios plana ceann-latha a shònrachadh a tha co-dhiù sia mìosan às dèidh ceann-latha an fhios plana, rom feum an t-ùghdarras am plana a chur chun a' Bhùird, agus feumaidh e fios a thoirt dhan ùghdarras air a chòraichean fo Achd na Gàidhlig a bhith ag iarraidh ath-bhreithneachadh leis a' Bhòrd air a' cheann-latha a tha e air sònrachadh agus air a chòir ath-thagradh a dhèanamh do Mhinistearan na h-Alba a thaobh toirt seachad an fhios phlana fhèin.¹²

2.1.2. Ann a bhith a' co-dhùnadh mu bhith a' cur a-mach fios plana, feumaidh am Bòrd feart a thoirt air na leanas:

¹¹ Earrann 3(1).

¹² Earrann 3(2).

- am Plana Nàiseanta Gàidhlig as ùire. Tha planaichean Gàidhlig air aon de na prìomh dhòighean gus Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh.
- an ìre 's gu bheil a' Ghàidhlig air a cleachdadh le daoine ris a bheil gnìomhan an ùghdarras co-cheangailte: beachdachaidh am Bòrd air dàta buntainneach, a' gabhail a-steach dàta a' chunntais-shluaigh as ùire air comasan Gàidhlig an t-sluaigh air a bheil an t-ùghdarras poblach a' frithealadh agus, far a bheil an t-ùghdarras a' toirt seachad foghlam Gàidhlig, àireamhan sgoilearan ann am foghlam Gàidhlig, agus beachdaichidh iad cuideachd air nàdar dleastanasan an ùghdarras phoblaich agus an ìre 's gu bheil an t-ùghdarras a' com-pàirteachadh leis a' phoball ann an cur an gnìomh a gnìomhan;
- an ìre 's gu bheil, ann am beachd a' Bhùird, comas aig an ùghdarras cleachdadh na Gàidhlig a leasachadh co-cheangailte ri coileanadh nan gnìomhan sin: cho math ri comasan Gàidhlig an t-sluaigh air a bheil an t-ùghdarras poblach a' frithealadh agus, far a bheil an t-ùghdarras a' toirt seachad foghlam Gàidhlig, àireamhan sgoilearan ann am foghlam Gàidhlig, beachdaichidh am Bòrd air an ìre 's gu bheil an t-ùghdarras poblach a' cleachdadh na Gàidhlig mar-thà ann an coileanadh nan gnìomhan aige, agus, ma tha am fiosrachadh ri fhaighinn, àireamhan nan daoine air am fastadh leis an ùghdarras phoblach aig a bheil comasan Gàidhlig agus an ròl aca san ùghdarras;
- riochdachaidhean sam bith a thèid a dhèanamh ris a thaobh cleachdadh na Gàidhlig co-cheangailte ri coileanadh nan gnìomhan sin, agus
- stiùireadh sam bith a chaidh a thoirt seachad le Ministearan na h-Alba

2.2 Ath-sgrùdadh air agus ath-thagradh an aghaidh fios plana reachdail bho Bhòrd na Gàidhlig

2.2.1. Ma tha ùghdarras poblach den bheachd gu bheil an ceann-latha a chaidh a shònrachadh san fhios reachdail bhon Bhòrd mì-reusanta, faodaidh e iarraidh air a' Bhòrd ath-bhreithneachadh a dhèanamh air a' cheann-latha. Feumaidh an t-ùghdarras poblach an t-iarrrtas seo a chur a-staigh taobh a-staigh 28 làithean bho fhuair e am fios reachdail, agus feumaidh e na h-adhbharan a mhìneachadh airson an iarrrtais aige. Feumaidh am Bòrd taobh a-staigh 28 latha bho gheibh e an t-iarrrtas an dàrna cuid an ceann-latha a dhearbhadh (agus feumaidh e na h-adhbharan airson a' cho-dhùnaidh sin a mhìneachadh) no ceann-latha nas anmoiche a chur na àite.¹³ Mura h-eil an t-ùghdarras riarachta le co-dhùnadh a' Bhùird, faodaidh e ath-thagradh a dhèanamh do Mhinistearan na h-Alba an aghaidh a' cho-dhùnaidh sin taobh a-staigh 28 latha bho bhith a' faighinn a' cho-dhùnaidh sin. Feumaidh Ministearan na h-Alba co-dhùnadh a dhèanamh air ath-thagradh gun a bhith nas fhaide na 2 mhìos às dèidh dhaibh an t-ath-thagradh fhaighinn, agus ma sheasas iad leis an ath-thagradh, feumaidh mi iad ceann-latha eile a shònrachadh rom feum an t-ùghdarras plana Gàidhlig a chur chun a' Bhùird.

2.2.2. Faodaidh ùghdarras poblach cuideachd ath-thagradh a dhèanamh an aghaidh an fhios reachdail gus plana Gàidhlig ullachadh. Feumar a leithid de dh'ath-thagradh a chur gu Ministearan na h-Alba taobh a-staigh 28 làithean bho bhith a' faighinn fios plana reachdail. Feumaidh an t-ath-thagradh innse carson a tha an t-ùghdarras poblach den bheachd gun robh co-dhùnadh a' Bhùird gus am fios plana a chur a-mach mì-reusanta, a thaobh nan cùisean air am feum am Bòrd aire a thoirt agus iad a' cur a-mach an fhios plana (air a mhìneachadh ann an earrann 2.1, gu h-àrd). Feumaidh Ministearan na h-Alba co-dhùnadh a dhèanamh mun ath-thagradh taobh a-staigh sia mìosan bhon àm a fhuair iad e. Ma sheasas Ministearan na h-Alba leis an ath-thagradh, cha bhi am fios plana

¹³ Earrannan 4(1),4(2),4(3) agus 4(4)

reachdail an gnìomh tuilleadh agus chan fhaod am Bòrd fios reachdail eile a chur chun an ùghdarras phoblaich gus 2 bhliadhna às dèidh dhan Bhòrd am fios reachdail thùsail a chur.¹⁴

2.3 Ag ullachadh Plana Gàidhlig

2.3.1. Tha Achd 2005 a' sònrachadh gum feum plana Gàidhlig a bhith:

- a' mìneachadh nan ceumannan a ghabhas ùghdarras poblach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig co-cheangailte ri coileanadh nan gnìomhan aige.
- a' sònrachadh ceann-latha rom feum na ceumannan sin a bhith air an gabhail; agus
- fiosrachadh sam bith eile a dh'òrdaich Ministearan na h-Alba ann an riaghailtean sam bith a rinn iad a thaobh susbaint phlanaichean Gàidhlig.¹⁵

2.3.2. Fo Achd na Gàidhlig, ann an deasachadh plana Gàidhlig, feumaidh ùghdarras poblach aire a thoirt air na leanas:

- am Plana Nàiseanta na Gàidhlig as ùire.
- an ìre 's gu bheil a' Ghàidhlig air a cleachdadh le daoine ris a bheil gnìomhan an ùghdarras co-cheangailte.
- comas an ùghdarras phoblach cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh ann an coileanadh nan dleastanasan sin,
- riochdachaidhean sam bith a rinneadh ris an ùghdarras poblach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig agus coileanadh nan dleastanasan sin; agus
- stiùireadh sam bith a thèid a thoirt seachad le Ministearan na h-Alba no leis a' Bhòrd.

2.3.3. A thaobh na h-ìre 's gu bheil a' Ghàidhlig air a cleachdadh le daoine ris a bheil gnìomhan an ùghdarras co-cheangailte, tha e cudromach gum beachdaich an t-ùghdarras poblach air dàta a' chunntais-shluaigh as ùire air comasan Gàidhlig an t-sluaigh air a bheil e a' frithealadh. Bidh fiosrachadh eile buntainneach cuideachd, mar eisimpleir, airson ùghdarrasan poblach a tha a' tabhann foghlam Gàidhlig, àireamhan oileanaich ann am foghlam Gàidhlig san sgìre air a bheil an t-ùghdarras poblach a' frithealadh. Is urrainn dhan Bòrd cuideachadh le bhith a' faighinn fiosrachadh mar seo. Bu chòir am fiosrachadh seo fhaighinn mar phàirt de chruinneachadh fiosrachaidh mar a' chiad cheum ann an cruthachadh an dreachd phlana.

2.3.4. A thaobh comas an ùghdarras phoblaich cleachdadh na Gàidhlig a leasachadh, bu chòir dhan ùghdarras poblach sgrùdadh a dhèanamh air a chomas-lìbhrigidh sa Ghàidhlig. Bu chòir an leithid de sgrùdadh coimhead air, mar eisimpleir, mar a tha an t-ùghdarras poblach a' cleachdadh na Gàidhlig mar-thà, ann an coileanadh nan gnìomhan aige. Bu chòir dha cuideachd beachdachadh air an ìre is gu bheil luchd-obrach an ùghdarras phoblaich comasach air Gàidhlig a chleachdadh, agus air an ìre is gum bu toil le luchd-obrach Gàidhlig ionnsachadh no an sgilean Gàidhlig a thoirt air adhart, nam biodh cothrom aca sin a dhèanamh. Tha fiosrachadh mar seo a' toirt bunait dhan ùghdarras poblach agus dhan Bhòrd gus measadh a dhèanamh air na dòighean anns an gabhadh comas an ùghdarras phoblaich gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an coileanadh a ghnìomhan a leudachadh. Is urrainn dhan Bhòrd comhairle a thoirt seachad air na dòighean san urrainn dhan ùghdarras poblach sgrùdadh a dhèanamh air comas Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne. Bu chòir an sgrùdadh a dhèanamh mar a' chiad cheum ann an cruthachadh an dreachd Plana Ghàidhlig.

¹⁴ Earrannan 4(6), 4(7), 4(8), 4(9) agus 4(10)

¹⁵ Earrann 3(4).

2.3.5. Thathar a’ moladh gu làidir gun tèid prìomh oifigear a chomharrachadh le ùghdarrasan poblach aig ìre thràth de phròiseas ullachaidh a phlana, a bhios a’ co-obrachadh le oifigear planaichean Gàidhlig a’ Bhùird tron phròiseas. Bu chòir dhan phrìomh oifigear seo a bhith na àrd-mhanaidsear taobh a-staigh an ùghdarras phoblaich agus bu chòir uallach iomlan a bhith aca airson a bhith a’ deasachadh plana Gàidhlig an ùghdarras.

2.3.6. Bho na chaidh fhiosrachadh gu ruige seo, thathar den bheachd gur e deagh chleachdadh a th’ ann a bhith a’ stèidheachadh agus a’ cumail suas buidheann-obrach plana Gàidhlig tro ullachadh agus buileachadh gach eagran den phlana Ghàidhlig aig ùghdarras poblach. Far nach eil buidheann-obrach plana Gàidhlig air a stèidheachadh, bu chòir dhan phlana sealltainn gu mionaideach mar a thèid a ghoireasachadh.

2.3.7. Bho na chaidh fhiosrachadh gu ruige seo, tha am Bòrd a’ moladh dreuchd Oifigear Leasachaidh Gàidhlig fhasdadh taobh a-staigh an Ùghdarras Phoblaich gus cur ri adhartas a thaobh deasachadh agus buileachadh nam planaichean Gàidhlig aca.

2.3.8. Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu shusbaint nam planaichean Gàidhlig ann an earrann 11.

3. Measadh neo-fhoirmeil

3.1. Tha Bòrd na Gàidhlig air ceum a bharrachd a chur ris a’ phròiseas reachdail gus ùghdarrasan poblach a chuideachadh le bhith a’ deasachadh nam planaichean Gàidhlig aca. Bidh e comasach dhan oifigear a tha Bòrd na Gàidhlig air sònrachadh dhan ùghdarras phoblach measadh neo-fhoirmeil a dhèanamh air an dreachd phlana mus cùm an t-ùghdarras poblach co-chomhairle fhoirmeil sam bith.

3.2 Tha seo ag amas air taic a chumail ris an ùghdarras phoblach gus dèanamh cinnteach gu bheil susbaint a’ phlana a’ cumail ris na slatan-tomhais air fad a tha air am mìneachadh sa phàipear seo mus tèid co-chomhairle fhoirmeil a chumail no mus faigh e aonta taobh a-staigh an ùghdarras. Tha seo cuideachd na dhòigh chuideachail gus dèanamh cinnteach gun ruig an dreachd plana Gàidhlig an ìre airson aonta foirmeil ann an deagh àm.

3.3 Tha an ceum a bharrachd seo sa phròiseas gu tur saor-thoileach agus chan eil e na phàirt riatanach den pròiseas reachdail, ach thathar a’ brosnachadh ùghdarrasan poblach gus an cothrom seo a ghabhail.

4. Co-chomhairle

4.1. A thaobh riochdachaidhean a nithear dhan ùghdarras phoblach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig ann an co-cheangail ri coileanadh nan gnìomhan aca, mar a chithear aig 2.3.2 gu h-àrd, fo Achd na Gàidhlig feumaidh an t-ùghdarras poblach co-chomhairleachadh a chumail ri daoine aig a bheil, nam beachd, ùidh sa phlana.¹⁶ Bidh a mhodhan-obrach fhèin aig gach ùghdarras poblach airson a bhith a’ cumail cho-chomhairlean poblach. Ach bhiodh am Bòrd an dùil ris na leanas a thaobh na co-chomhairle a tha a dhìth airson plana Gàidhlig:

- Feumaidh an dreachd plana Gàidhlig a bhith ri fhaighinn gu dà-chànanach ann an Gàidhlig agus Beurla.

¹⁶ Earrann 3(6).

- Bu chòir àm a’ cho-chomhairleachaidh a bhith fada gu leòr gus am bi an ìre com-pàirteachas as fheàrr comasach sa phròiseas cho-chomhairleachaidh. Thathar a’ moladh gum mair seo co-dhiù 6 seachdainean.
- Bu chòir dhan ùghdarras phoblach sanasachd a dhèanamh air a’ cho-chomhairle agus mar a gheibhear an dreachd phlana air an làraich-lìn aca, agus brath-naidheachd dà-chànanach fhoillseachadh aig toiseach àm na co-chomhairle, a thèid a thoirt do sheanailean mheadhanan buntainneach agus dhan Bhòrd.

4.2. Bidh aig an ùghdarras phoblach ri aithisg a thoirt dhan Bhòrd air an obair co-chomhairleachaidh, a bu chòir cunntas a thoirt air mar a rinneadh a’ cho-chomhairle agus geàrr-chunntas a thoirt air na prìomh cuspairean a thàinig am bàrr tro cho-chomhairle. Thèid an aithisg seo a chleachdadh leis a’ Bhòrd fhad ‘s a bhios iad a’ beachdachadh air a’ phlana Ghàidhlig a thèid a chur a-steach thuca leis an ùghdarras phoblach aig a’ cheann thall. Bu chòir an aithisg seo fhoillseachadh cuideachd gus dèanamh cinnteach gu bheil trìd-shoilleireachd ann agus gus na h-atharrachaidhean a chomharrachadh a rinneadh mar thoradh air a’ phròiseas co-chomhairleachaidh.

5. A’ cur a-steach Plana Gàidhlig agus aonta foirmeil ri Plana Gàidhlig

5.1. Feumaidh ùghdarrasan poblach na planaichean Gàidhlig aca a chur chun a’ Bhùird ron cheann-latha a chaidh a shònrachadh anns an fhios reachdail bhon Bhòrd, no ron cheann-latha atharraichte ma chaidh an ceann-latha atharrachadh le Ministearan na h-Alba às dèidh ath-thagradh leis an ùghdarras poblach. Feumaidh ùghdarrasan poblach eagraan ath-sgrùdaichte ùr den phlana a chur a-steach taobh a-staigh còig bliadhna bhon cheann-latha a chaidh aontachadh ris an eagraan mu dheireadh.

5.2. Feumaidh am Bòrd an dàrna cuid gabhail ris a’ phlana mar a chaidh a chur a-steach no atharrachaidhean a mholadh air.¹⁷ Mura h-eil an t-ùghdarras poblach ag aontachadh ri cuid de na h-atharrachaidhean no ris na h-atharrachaidhean gu lèir a chaidh a mholadh leis a’ Bhòrd, faodaidh e fios a thoirt dhan Bhòrd air seo, a’ toirt seachad adhbharan airson a ghearanan, ach **feumaidh** an t-ùghdarras poblach seo a dhèanamh taobh a-staigh mìos bho fhuair e na h-atharrachaidhean a tha am Bòrd a’ moladh.¹⁸ Far a bheil am Bòrd a’ moladh atharrachaidhean agus nach eil an t-ùghdarras poblach air fios a thoirt dhan Bhòrd mu ghearanan sam bith, feumaidh an t-ùghdarras poblach am plana atharrachadh gus feart a thoirt air na h-atharrachaidhean a mhol am Bòrd agus am plana a chur a-steach chun a’ Bhùird a-rithist ron cheann-latha a shònraich am Bòrd, a dh’fheumas a bhith taobh a-staigh 3 gu 6 mìosan bhon cheann-latha a mhol am Bòrd na h-atharrachaidhean dhan ùghdarras poblach.¹⁹

5.3. Far a bheil an t-ùghdarras poblach air fios a thoirt dhan Bhòrd nach eil e ag aontachadh ri cuid de na h-atharrachaidhean no ris na h-atharrachaidhean gu lèir, feumaidh am Bòrd, às dèidh dha beachdachadh air na h-adhbharan a thug an t-ùghdarras poblach seachad airson cur an aghaidh atharrachaidhean a’ Bhùird:

- aontachadh ris a’ phlana mar a chaidh a chur thuige an toiseach; no

¹⁷ Earrann 5(1).

¹⁸ Earrann 5(3).

¹⁹ Earrann 5(4)

- am plana aontachadh le ùmhlachd do dh'atharrachaidhean sam bith a dh'fhaodadh am Bòrd agus an t-ùghdarras aontachadh; no
- mura h-eil am Bòrd air am plana aontachadh taobh a-staigh dà mhìos às dèidh dhan ùghdarras phoblach fios a thoirt dhan Bhòrd air a ghearanan, faodaidh am Bòrd am plana a chur gu Ministearan na h-Alba.²⁰

5.4. Ma chuirear am plana gu Ministearan na h-Alba, feumaidh Ministearan na h-Alba aire a thoirt air na leanas:

- am Plana Nàiseanta Gàidhlig as ùire.
- an ìre 's gu bheil a' Ghàidhlig air a cleachdadh le daoine ris a bheil gnìomhan an ùghdarras co-cheangailte.
- air a' chomas cleachdadh na Gàidhlig a leasachadh ann an co-cheangail ri coileanadh nan gnìomhan sin.²¹

5.5. Feumaidh Ministearan na h-Alba cuideachd cothrom a thoirt dhan Bhòrd agus dhan ùghdarras poblach riochdachaidhean a dhèanamh mun phlana, faodaidh iad comhairle iarraidh bho dhuine sam bith eile a tha iad a' meas iomchaidh, agus feumaidh iad aire a thoirt air riochdachaidhean sam bith agus air beachdan duine sam bith bhon deach comhairle a shireadh.²²

5.6. Feumaidh Ministearan na h-Alba an uair sin am plana aontachadh mar a chaidh a chur a-staigh dhan Bhòrd leis an ùghdarras phoblach an toiseach, no am plana aontachadh le ùmhlachd do na h-atharrachaidhean a tha Ministearan na h-Alba a' meas iomchaidh,²³ agus feumar an t-aonta sin a thoirt seachad gun a bhith nas fhaide na 6 mìosan às dèidh a' chinn-latha air an deach a' chùis a chur thuca.²⁴ Tha e soilleir san Achd gum faod na h-atharrachaidhean a chuireas Ministearan na h-Alba an sàs a bhith a' gabhail a-steach an feadhainn a chaidh a mholadh le BnG aig ìre na bu thràithe no atharrachaidhean eile.

5.7. Aon uair 's gu bheil plana Gàidhlig an ùghdarras air aontachadh leis an dàrna chuid am Bòrd no le Ministearan na h-Alba, feumaidh an t-ùghdarras poblach am plana fhoillseachadh san dòigh a tha e a' meas iomchaidh, a' toirt fa-near do susbaint an stiùiridh reachdail seo, agus na ceumannan air am mìneachadh sa phlana a thoirt gu buil ann an co-rèir ris a' phlana.²⁵ Bu chòir am Plana Gàidhlig aontaichte fhoillseachadh taobh a-staigh 3 mìosan bho chaidh aontachadh.

5.8. Aon uair 's gu bheil plana air aontachadh, faodaidh ùghdarras poblach, uair sam bith tro chùrsa a' phlana, atharrachaidhean beaga sam bith a dhèanamh air a' phlana gun aonta a' Bhùird iarraidh, leithid a bhith a' ceartachadh mearachd sa phlana no ag ùrachadh fiosrachadh firinneach a tha air atharrachadh, ach chan fhaodar am plana atharrachadh gu susbainteach.²⁶

6. A' dearcnachadh plana Gàidhlig

6.1. Faodaidh am Bòrd iarraidh air an ùghdarras phoblach aithisg a chur a-steach mun ìre is gu bheil an t-ùghdarras air na ceumannan a tha air am mìneachadh anns a' phlana a chur an gnìomh,

²⁰ Earrann 5(5).

²¹ Earrann 5(7)(a).

²² Earrannan 5(7)(b) and (c).

²³ Earrann 5(6).

²⁴ Earrann 5(8).

²⁵ Earrann 5(9).

²⁶ Earrann 7(4).

uair sam bith dà mhìos dheug às dèidh aontachadh a' phlana Ghàidhlig. Feumar aithisg den t-seòrsa seo a chur a-staigh taobh a-staigh trì mìosan bho cheann-latha an riatanais.²⁷ Tha e na chleachdadh gum bi am Bòrd a' cur a' chumhachd seo an gnìomh airson gach plana Gàidhlig a tha e air aontachadh. Tha am Bòrd air teampaid ullachadh a dh'fhaodas ùghdarrasan poblach cleachdadh ann an ullachadh nan aithisgean aca, agus tha i ri faighinn air làrach-lìn a' Bhùird.

6.2. Faodaidh am Bòrd dàrna riatanas no riatanas às dèidh sin a thoirt do dh'ùghdarras poblach gus an leithid seo de dh'aithisg a chur a-staigh, ach chan fhaod am Bòrd sin a dhèanamh ach co-dhiù dà mhìos dheug an dèidh riatanas eile a chur thuca.²⁸

6.3. Far a bheil am Bòrd den bheachd gu bheil an t-ùghdarras poblach a' fàilligeadh a bhith a' buileachadh cheumannan sa phlana Gàidhlig gu h-ìomchaidh, faodaidh e aithisg a chur gu Ministearan na h-Alba, a' mineachadh adhbharan airson a cho-dhùnaidhean.²⁹ Ach feuchaidh am Bòrd ri obrachadh leis an ùghdarras phoblach gus dèiligeadh ris na cùisean dragh mus beachdaich e air a' chumhachd seo a chleachdadh.

6.4. Nuair a chleachdas am Bòrd an cumhachd seo, faodaidh Ministearan na h-Alba lethbhreac de dh'aithisg a' Bhùird a chur mu choinneamh Pàrlamaid na h-Alba, no faodaidh iad àithne a thoirt dhan ùghdarras phoblach ceumannan sam bith no na ceumannan uile sa phlana Ghàidhlig aige a thoirt gu buil ro cheann-latha air a shònrachadh leis na ministearan san stiùireadh aca, no an dà chuid.³⁰ Mus toir iad àithne seachad, ge-tà, feumaidh Ministearan na h-Alba co-chomhairleachadh leis an ùghdarras mu shusbaint na h-àithne, agus toirt fa-near do riochdachaidhean sam bith a nì an t-ùghdarras poblach.³¹

7. Taic le cur an gnìomh

7.1. Tha Bòrd na Gàidhlig air maoin nam planaichean Gàidhlig a stèidheachadh, air an robh Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF) roimhe, gus cuideachadh le ullachadh agus buileachadh phlanaichean Gàidhlig, agus gus taic a chumail ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

7.2. Tha a' mhaoin seo fosgailte gach bliadhna do gach ùghdarras poblach a tha an sàs ann am pròiseas nam planaichean Gàidhlig.

7.3. Thèid prìomhachasan an sgeama maoineachaidh seo ath-sgrùdadh is fhoillseachadh gach bliadhna.

7.4. Thathar a' brosnachadh gach ùghdarras poblach gus cur a-steach airson a' mhaoineachaidh seo rè pròiseas a' phlana Ghàidhlig.

8. Taic bho Oifigearan Bhòrd na Gàidhlig

8.1. Sònraichidh Bòrd na Gàidhlig Oifigear Phlanaichean Gàidhlig do gach ùghdarras poblach nuair a chuirear fios plana reachdail agus airson a' phròiseis ath-nuadhachaidh. Tha an t-Oifigear seo ann gus comhairle agus taic a thoirt seachad an dà chuid le bhith ag ullachadh an dreachd phlana agus le bhith ga chur an gnìomh às dèidh aonta foirmeil.

9. Ath-sgrùdadh air planaichean Gàidhlig.

²⁷ Earrannan 6(1) agus (2).

²⁸ Earrann 6(3).

²⁹ Earrann 6(4).

³⁰ Earrann 6(5).

³¹ Earrann 6(6).

9.1. Gun a bhith nas fhaide na 5 bliadhna às dèidh aonta plana Gàidhlig, fo Achd 2005, feumaidh an t-ùghdarras poblach ath-sgrùdadh a dhèanamh air a’ phlana Ghàidhlig aca, atharrachaidhean a dhèanamh ris a’ phlana a tha an t-ùghdarras poblach a’ meas riatanach no iomchaidh (ma tha gin ann), agus feumaidh iad a chur a-steach dhan Bhòrd.³²

9.2. Mar a bha e leis a’ chiad eagraan den phlana, bidh am pròiseas a chaidh a mhìneachadh ann am paragraf 2.3, gu h-àrd, an sàs airson gach plana Gàidhlig a thèid ullachadh mar phàirt den ath-sgrùdadh, is thèid iad tron aon phròiseas aontachaidh.³³ Mar a chaidh ainmeachadh ann an earrann 1.3.9 gu h-àrd fon cheann ‘Planaichean Gàidhlig: Prìomh phrionnsapalan’, leis gu bheil am pròiseas ath-aithriseach, bithear an dùil gun tèid na gealltanasan a nì ùghdarrasan poblach ann am planaichean Gàidhlig a neartachadh thar ùine, le gach ath-sgrùdadh air plana Gàidhlig làithreach.

10. A’ cleachdadh na Gàidhlig ann am Planaichean Gàidhlig

10.1. Bidh a h-uile plana Gàidhlig aig ùghdarrasan poblach dà-chànanach ann am Beurla agus Gàidhlig. Tha a bhith a’ foillseachadh plana Gàidhlig ann an Gàidhlig agus Beurla aig an aon àm, a’ cur ri brosnachadh na Gàidhlig, a tha na phrìomh phrionnsapal ann an Achd na Gàidhlig. Tha e cuideachd a’ cur a’ phrionnsapail an cèill gu bheil a’ Ghàidhlig na cànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a’ Bheurla.

10.2. Chaidh tòrr obair a dhèanamh ann an roinn an fhoghlaim gus briathrachas, gràmar is cleachdadh Gàidhlig a chruthachadh a tha de chàileachd àrd, agus a bhios a’ cur ri cunbhalachd ann an conaltradh labhairteach is sgrìobhte. Tha am Bòrd an dùil gun lean ùghdarrasan poblach na slatan-tomhais seo, an dà chuid ann an ullachadh nam planaichean Gàidhlig aca ach cuideachd ann a bhith a’ cleachdadh na Gàidhlig san fharsaingeachd ann an coileanadh nan gnìomhan aca.

10.3. Gu practaigeach, feumaidh ùghdarrasan poblach an t-eagraan làithreach de Ghnàthachas Litreachadh na Gàidhlig a leantainn (ri fhaighinn an seo: https://www.sqa.org.uk/sqa/files_ccc/SQA-Gaelic_Orthographic_Conventions-En-e.pdf) cho math ris na h-inbhean airson ainmean-àite a chaidh a chruthachadh le Ainmean-àite na h-Alba (ri fhaighinn an seo: <https://www.ainmean-aite.scot/>).

10.4. Mar a chaidh a chur an cèill ann an earrann 2.3 den stiùireadh seo, tha Achd 2005 a’ sònrachadh gum feum plana Gàidhlig a bhith:

- a’ mìneachadh nan ceumannan a ghabhas ùghdarras poblach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig co-cheangailte ri coileanadh nan gnìomhan aige
- a’ sònrachadh ceann-latha rom feum na ceumannan sin a bhith air an gabhail; agus
- fiosrachadh sam bith eile a dh’òrdaich Ministearan na h-Alba ann an riaghailtean sam bith a rinn iad a thaobh susbaint phlanaichean Gàidhlig.³⁴

10.5. Fo Achd na Gàidhlig, ann an deasachadh plana Gàidhlig, feumaidh ùghdarras poblach aire a thoirt air na leanas:

- am Plana Nàiseanta Gàidhlig as ùire.

³² Earrann 7(2).

³³ Earrann 7(3).

³⁴ Earrann 3(4).

- an ìre 's gu bheil a' Ghàidhlig air a cleachdadh le daoine ris a bheil gnìomhan an ùghdarras co-cheangailte.
- comas an ùghdarras phoblach cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh ann an coileanadh nan gnìomhan sin.
- riochdachaidhean sam bith a rinneadh ris an ùghdarras phoblach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig agus coileanadh nan dleasan sin; agus
- stiùireadh sam bith a thèid a thoirt seachad le Ministearan na h-Alba no leis a' Bhòrd.

11 Subaint nam Planaichean Gàidhlig

11.1 Bheir an earrann seo den stiùireadh fiosrachadh mionaideach a bharrachd do dh'Ùghdarrasan Poblach air na bu chòir a bhith anns na Planaichean Gàidhlig aca. Bheir e barrachd stiùiridh do dh'ùghdarrasan mu bhith a' stèidheachadh ghealltanasan sa phlana aon uair is gu bheil an sgrùdadh air a dhèanamh agus gu bheil am fiosrachadh mun Ghàidhlig taobh a-staigh na sgìre-obrach air a chruinneachadh.

11.2 Plana Nàiseanta na Gàidhlig

11.2.1. A thaobh a bhith a' cumail taic ri buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig, air an deach iomradh a thoirt gu h-àrd, obraichidh am Bòrd leis an ùghdarras phoblach fad 's a thathar ag ullachadh a' phlana gus taic a chumail ri cruthachadh ghealltanasan a tha a' co-thaobhadh gach cuid ri gnìomhan an ùghdarras phoblach, agus amasan iomlan Phlana Nàiseanta na Gàidhlig.

11.2.2. Bidh iad sin ann an riochd amasan a thèid aontachadh aig a' cheann thall le gach ùghdarras poblach agus a thèid a mheasadh leis a' Bhòrd an uair sin nuair a chuirear an dreachd a-steach gu foirmeil.

11.2.3 Bidh na cuspairean air am bi na h-amasan seo stèidhichte diofraichte a rèir nàdar agus gnìomhan gach ùghdarras poblach, ach tha iad a' gabhail a-steach, ach chan ann a-mhàin, na leanas:

- Leasachadh coimhearsnachd
- Leasachadh eaconamach
- Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig
- Foghlam Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh
- Foghlam Coimhearsnachd Gàidhlig
- Foghlam treas-ìre

11.3 Foghlaim

11.3.1. Fo Achd 2005, 's e fear de ghnìomhan coitcheann a' Bhùird foghlam Gàidhlig a bhrosnachadh agus brosnachadh foghlam Gàidhlig a chur an comas,³⁵ a' gabhail a-steach chan ann a-mhàin foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FtG) ach cuideachd teagasg na Gàidhlig mar chànan. Feumaidh am Bòrd an dleastanas seo agus a dhleastanasan eile a chur an gnìomh le sùil ri àireamh nan daoine a tha comasach air a' Ghàidhlig a chleachdadh agus a thuigsinn a chur am meud, agus cleachdadh is tuigse air a' Ghàidhlig a bhrosnachadh.³⁶

11.3.2. Tha libhrigeadh foghlam sgoile an urra ri ùghdarrasan foghlam, agus far a bheil ùghdarras poblach na ùghdarras foghlaim, mar as trice bidh am Bòrd an dùil gum bi gealltanasan a thaobh foghlam Gàidhlig ann am plana Gàidhlig an ùghdarras phoblaich sin. Bu chòir gealltanasan foghlam a chur ann mar a leanas:

11.3.3. Foghlam Sgoile

Ùghdarras le solar FtG

- Brosnachadh solar FtG
- A' leasachadh solar FtG aig gach ìre
- A' cur ris an uiread de chuspairean a tha rim faighinn aig ìre na h-àrd-sgoile
- Planaichean leasachadh FtG
- Planadh leasachaidh sgoile
- Aithris air Inbhean is Càileachd
- Brosnachadh foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig aig gach ìre
- Leasachadh foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig aig gach ìre

Ùghdarras gun solar FtG

- A' brosnachadh a' chomais gus FtG a stèidheachadh
- A' stèidheachadh foghlam Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh

11.4 Foghlam coimhearsnachd:

11.4.1. Bu chòir do dh'ùghdarrasan a tha a' toirt seachad ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd no ùghdarrasan aig a bheil aonta le buidhnean leth-eisimeileach air an taobh a-muigh gus gnìomhan a choileanadh co-cheangailte ri leasachadh coimhearsnachd a bhith a' cur a-steach gealltanasan co-cheangailte ris na cuspairean a leanas, ach chan ann a-mhàin mu na cuspairean sin:

- Cothroman ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig do dh'inbhean
- Tachartasan coimhearsnachd sa Ghàidhlig
- Cothroman taobh a-muigh a' churraicealaim taobh a-muigh suidheachadh na sgoile

11.5 Oilthighean

³⁵ Earrann 1(2)(a).

³⁶ Earrannan 1(3)(a) and (b).

11.5.1. Bu chòir do dh'oilthighean a gheibh fios reachdail gus plana Gàidhlig ullachadh gealltanasan a chur sa phlana aca a tha a' gabhail a-steach, ach chan ann a-mhàin, na cuspairean a leanas nuair a tha iad ag ullachadh Plana Gàidhlig:

- A' cur ri faotainneachd nan cùrsaichean Gàidhlig do dh'oileanaich
- A' cur ris an rannsachadh làithreach gus taic a chumail ri leasachadh na Gàidhlig
- A' cur ris na h-àireamhan de dhaoine a tha a' dèanamh chùrsaichean Gàidhlig tro bhith gam brosnachadh

11.6 Buidhnean leth-eisimeileach air an taobh a-muigh

11.6.1 Mar a chaidh a ràdh gu h-àrd, tha aontaidhean aig cuid de dh'ùghdarrasan poblach le buidhnean leth-eisimeileach air an taobh a-muigh (ALEOan) gus gnìomhan a libhrigeadh co-cheangailte ri cuid de na cuspairean air an deach iomradh a thoirt san stiùireadh seo. Anns an t-suidheachadh seo, bu chòir gealltanasan a bhith ann am Plana Gàidhlig an ùghdarras phoblach a thaobh nan gnìomhan sin agus mar a thèid an cur an gnìomh agus mar a thèid an sgrùdadh leis an ùghdarras poblach.

11.7 Gnìomhan poileasaidh

11.7.1 Thathar a-nis ag aithneachadh gu farsaing gun urrainn co-dhùnaidhean is iomairtean poileasaidh nach eil a' buntainn gu dìreach ri mion-chànan buaidh mhòr a thoirt air a' chànan sin. Am measg raointean poileasaidh a bheir buaidh den t-seòrsa sin gu tric tha leasachadh eaconamach, planadh cleachdadh fearainn, àiteachas agus iasgach, cùram slàinte, taigheadas, còmhdhail, agus cùram sòisealta. Mar sin, bu chòir gealltanasan a bhith ann am planaichean cànan mar as trice, gun dèan ùghdarras poblach measadh air a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig poileasaidhean air togail is cleachdadh na Gàidhlig fhad 's a tha iad a' cruthachadh phoileasaidhean agus a' dèanamh cho-dhùnaidhean air poileasaidhean.

11.7.2 Far a bheil ùghdarras poblach a' comharrachadh poileasaidh a dh'fhaodadh droch bhuidh a thoirt, bu chòir dhan ùghdarras phoblach gealltanasan a chur ann gum beachdaich e mar a ghabhas am poileasaidh ath-sgrùdadh gus cuir às do dhroch bhuidh sam bith no gus an lùghdachadh. Far a bheil ùghdarras poblach a' comharrachadh poileasaidh a dh'fhaodadh deagh bhuidh no buaidh neodrach a thoirt, bu chòir dhan ùghdarras phoblach gealltanasan a chur ann gum beachdaich e air mar a ghabhadh am poileasaidh ath-sgrùdadh gus deagh bhuidh a thoirt no gus an deagh bhuidh a leudachadh.

11.8 Gealltanasan corporra

11.8.1 Tha Achd 2005 ag ràdh gum feum Plana Gàidhlig na ceumannan a ghabhas ùghdarras poblach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig an co-cheangal ri coileanadh a ghnìomhan a mhìneachadh. Tha am Bòrd air ceithir prìomh raointean a chomharrachadh, a bu chòir buidhnean poblach a ghabhail os làimh ann an deasachadh Phlanaichean Gàidhlig:

Dearbh-aithne:

- Dearbh-aithne chorporra (m.e. suaicheantas corporra, pàipearachd, bràistean, pasaichean, sgeadachadh charbadan, bannan-coise ann an conaltradh dealain)

- Soidhnichean (m.e., soidhnichean taobh a-muigh toglaichean an ùghdarras phoblaich agus ionadan lìbhrigidh sheirbheisean eile leithid soidhnichean ann an ionadan-fàilte is ionadan seirbheis, soidhnichean stiùiridh a-staigh, taighean-beaga, dorsan a-mach, is mar sin air adhart)

Gus dèanamh cinnteach gu bheil ùghdarrasan poblach a' cumail ris na Gnàthasan Litreachaidh Gàidhlig (GOC) as ùire agus ri briathrachas ceart air soidhnichean sam bith, bu chòir sheirbheisean agus taic iarraidh bho Ainmean-Àite na h-Alba mar a tha air ainmeachadh ann an earrann 10.3 den stiùireadh seo, airson soidhnichean sam bith a thèid a chur suas le ainmean-àite agus bu chòir dèanamh cinnteach gu bheil eadar-theangairean sam bith a thathar a' cleachdadh airson gin de na gealltanasan corporra a' cumail ris na stiùiridhean GOC as ùire.

Conaltradh:

- Ionad-fàilte (luchd-obrach dà-chànanach rim faighinn aig ionadan-fàilte ann an toglaichean ùghdarras phoblaich agus ionadan-frithealaidh eile, agus iad iad air an comharrachadh mar sin, luchd-obrach an ionaid-fàilte a' cur fàilte dhà-chànanach air buill a' phobaill)
- Lìbhrigeadh sheirbheisean loidhne-tòisich (luchd-obrach dà-chànanach rim faighinn gus seirbheis a thoirt seachad ann an Gàidhlig, agus tha e air comharrachadh gun urrainn dhaibh seirbheis dhà-chànanach a thoirt seachad)
- Cleachdadh na Gàidhlig le luchd-obrach nan cuid obrach
- Conaltradh sgrìobhte (a' gabhail ri conaltradh sa Ghàidhlig; freagaritean Gàidhlig ri conaltradh sa Ghàidhlig; a' tòiseachadh conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig far a bheil luchd-sgrìobhaidh air comharrachadh gur e conaltradh sa Ghàidhlig as fheàrr leotha)
- Na meadhanan sòisealta (àrdachadh mean air mhean ann an cleachdadh susbaint Ghàidhlig no dhà-chànanach air gach àrd-ùrlar sna meadhanan sòisealta corporra)
- Conaltradh poblach (àrdachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig ann an coinneamhan poblach)

Foillseachaidhean:

- Dàimhean poblach agus na meadhanan (leudachadh mean air mhean ann an cleachdadh na Gàidhlig ann am brathan-naidheachd; a' comharrachadh luchd-obrach le Gàidhlig as urrainn conaltradh ris a' phoball agus le luchd-naidheachd sa Ghàidhlig)
- Leudachadh mean air mhean ann an cleachdadh na Gàidhlig ann am foillseachaidhean corporra
- Làraichean-lìn (ag obair a dh'ionnsaigh làrach-lìn gu tur dà-chànanach le dòigh-obrach thùsail de bhith a' cur ri susbaint sa Ghàidhlig anns gach eagan den phlana)
- Taisbeanaidhean (a' cleachdadh susbaint Ghàidhlig no dà-chànanach ann an taisbeanaidhean a chruthaicheas ùghdarrasan poblach, a' gabhail a-steach stuthan taisbeanaidh)

Luchd-obrach:

- Trèanadh (mothachadh air susbaint is dleastanasan plana Gàidhlig an ùghdarras phoblaich; trèanadh, taic agus goireasan do luchd-obrach a tha an sàs ann am buileachadh a’ phlana Ghàidhlig; cothrom air seirbheisean eadar-theangachaidh is eadar-mhìneachaidh)
- Ionnsachadh cànan (trèanadh Gàidhlig do luchd-obrach gus Gàidhlig ionnsachadh no gus cur ris na sgilean Gàidhlig aca agus/no taic gus trèanadh a dhèanamh air an taobh a-muigh)
- A’ comharrachadh dhreuchdan anns a bheil Gàidhlig na feart riatanach no ion-mhiannaichte (mar a thèid a cho-dhùnadh a rèir co-theacsa a’ phlana Ghàidhlig)
- Fastadh luchd-obrach le Gàidhlig (far nach eil luchd-obrach a th’ ann mar-thà comasach air dreuchdan a lìonadh far a bheil Gàidhlig riatanach no ion-mhiannaichte, fastadh luchd-obrach le comasan Gàidhlig; sanasachd dhà-chànanach no Gàidhlig a-mhàin airson a leithid de dhreuchdan; aithris anns gach sanas fastaidh gu bheil an t-ùghdarras poblach a’ cur luach ann an sgilean Gàidhlig)

11.8.2 Bu chòir dhan t-susbaint fhèin a thaobh gach fear de na raointean seo a bhith air a stiùireadh leis na prionnsapalan a tha air an cur an cèill ann an earrann 1.3.7 gu h-àrd fon cheann ‘Reusanta gus Co-rèireach’. Bu chòir am prionnsapal ‘Tairgse ghnìomhach’, a tha air a mhìneachadh ann an earrann 1.3.6, gu h-àrd cuideachd, a bhith air a chur an cèill sa phlana Ghàidhlig.